

Cuspair 11B

Duilleag Obrach

Digital content: speakgaelic.scot

B2

1. Poilitigs | Politics

Èist  ris a' chlàradh air **Tobar an Dualchais**: www.tobarandualchais.co.uk/track/17734?l=gd [0:00-0:50] mu phoilitigs. Tha Anna NicLeòid a' cur ceist air Aonghas MacLeòid anns a' phàirt seo den chlàradh agus 's ann mu dheidhinn **reifreannan** 'referendums' a tha am prògram.

Sgrìobh  - Feuch gun sgrìobh thu tar-sgrìobhadh den chlàradh seo. Faodaidh tu èisteachd ris turas no dhà, agus aig astar nas slaodaiche.

Anna NicLeòid:

Aonghas MacLeòid:

Sgrìobh  - Cia mheud turas a chleachd Anna NicLeòid iomlaid?

1. _____
2. _____
3. _____
4. _____

5. _____

2. Briathrachas Pàrlamaide | Parliamentary Language

Sgrìobh 📝 - Cuir a' Ghàidhlig air an earrainn seo:

A committee in Holyrood has launched a call for opinions today on a Bill which would give official status to Gaelic and Scots in Scotland. The **Scottish Languages Bill**, which would make changes to the status of Gaelic and Scots and to the responsibilities of the Scottish Government and other public bodies to give support to both languages, will get examined by the Education, Children and Young People Committee in the Scottish Parliament. The Bill specifies that the Scottish Government must promote Gaelic and Scots education in schools. It also gives Ministers the power to provide standards and to provide guidance on Gaelic and Scots education.

3. Gheibhte barrachd | More would be got

Sgrìobh 📝 - Cuir na seantansan seo dhan ghuth fhulangach, a' cleachdadadh an tràthach cheart de na gnìomhairean.

1. Seo am baile far am faic daoine tobhtaichean bho Àm nam Fuadaichean.
 2. Fhuair iad an corp na laighe air oir na tràghad faisg air na creagan.
 3. Chan fhaigheadh tu breug sam bith anns an leabhar sin.
-
-

4.

Achd an Aonaidh | The Act of Union

Èist  - www.bbc.co.uk/programmes/p085m45q

Eachdraidh na h-Alba: Achd an Aonaidh - An Dtr. Martainn MacGriogair (Uibhist a Tuath)

Martainn: Feumar cuimhneachadh gun deach achd ris an canar The Act of Settlement, Achd an Stèidhichidh tro Phàrlamaid Shasainn ann an 1701. Nist, bha seo a' ciallacahdh, aon uair 's gum biodh an Rìgh Uilleam marbh, agus a nighean Anna às a dhèidh, gur e teaghach Hanòbhar a thigeadh a-steach mar rìghrean air... uill, se seo a' cheist; air Sasainn gun teagamh. Agus bha na Sasannaich, air neo Pàrlamaid Shasainn co-dhiù dhen bheachd gum biodh na h-Albannaich toilichte gu leòr an eisimpleir a leantail anns an dòigh sin.

Co-dhiù no co-dheth, cha d'fhuair na h-Albannaich an cothrom an guth a thogail aig an àm, agus dha na h-Albannaich, cha robh an seo ach comharradh eile nach robh an ceangal eadar Alba agus Sasainn ag obrachadh mar a bha e, aig an àm sin; gu robh iadsan an-còmhnaidh a' faireachdann gu robh iad air an iomall.

Agus, uill, an fheadhainn a bha sàs ann an Pàrlamaid na h-Alba, ghabh iad caoch, agus choinnich Pàrlamaid na h-Alba ann an seachd ceud deug 's a trì agus an uair sin a-rithist ann an seachd ceud deug 's a ceithir, agus chaidh an dà phàrlamaid a bha sin tur an aghaidh miann an riaghaltais shìos ann an Sasainn. Agus chuir iad troimhe achdan iad fhèin a bha ciallachadh, mar gum biodh, nach robh iad deònach a ràdh le cinnt sam bith gu robh iad a' dol a leantail Pàrlamaid Shasainn ann a bhith tabhann a' chrùin gu teaghach Hanòbhar idir, idir.

Agus leis a sin, dh'èirich suidheachach gu math, gu math cugallach, agus feumar cuimhneachadh, aig an àm a bha seo, gu robh Sasainn an sàs ann an cogadh – agus tha seo cianail cudromach, tha mi smaoineachadh, cuideachd. Bha cogadh eadar Sasainn agus an Fhraing air tìr-mòr na Ròinn Eòrpa – agus 's e an rud mu dheireadh a bha Riaghaltas Shasainn ag iarraidh gum biodh, mar gum biodh, crìoch Shasainn, air a' cheann a tuath, gum biodh... mar gum biodh... gum biodh sin fosgailte air dhòigh sam bith; gum biodh an cunnart ann 's dòcha, nan d' rachadh na h-Albannaich agus na Fraingich an lùib a chèile, gur dòcha gun tigeadh na Fraingich a-nuas agus ionnsaigh a thoirt air Sasainn bhon a' cheann a tuath.

Agus mar sin, às dèidh seachd ceud deug agus a ceithir, chuir Riaghaltas Shasainn, agus Pàrlamaid Shasainn, roimhe an suidheachach a chur air dòigh, ann an dòigh a bhiodh deireannach, mar gum biodh, gus nach biodh an còrr mì-chinnt ag èirigh.

Agus sin agad, mar gum biodh, tha mi smaoineachadh, mar a thòisich an iomairt, mu dheireadh thall, gus Alba agus Sasainn a bhith còmhla ri chèile – chan e a-mhàin fo aon bhratach, mar gum biodh, ach fo aon Phàrlamaid.

Cuspair 11B

Freagairtean

Digital content: speakgaelic.scot

B2

1 - Poilitigs | Politics

Anna NicLeòid: Uill, tha sinn a' dol a chumail oirnn le poilitigs an-dràsta. Tha sinn air tòrr a chluinntinn mu dheidhinn 'referendum' anns na seachdainean a dh'fhalbh agus Brian Souter a' feuchainn ri fear a mhaoineachadh air ceist Section 28. Ach cuin a bu chòir dhuinn 'referendum' a chleachdadhbh agus a bheil sinn an ìmpis dùthchannan eile a leantainn far am feumar 'referendum' a chumail airson a h-uile càil? Cluinnidh sinn beachdan bho thriùir an sin: am fear-naidheachd poilitigeach Màrtainn Dòmhnaillach, Aonghas MacLeòid a tha na fhear-lagha le ùidh shònraichte ann am poilitigs agus Dòmhnaill Dòmhnaillach a tha a' fuireach ann an California far a bheil 'referendum' fada nas bitheanta na tha e an seo. An toiseach, a dh'Aonghais, dè cho feumail 's a tha 'referendum'?

Aonghas MacLeòid: Tha mi a' smaointinn gu bheil feum annta. Tha iad a' toirt beachdan a' mhòr-shluagh gu aire agus tha iad a' toirt, mar gum biodh, dligheachas dhan cheist a tha air fhaighneachd.

1. Tha sinn air tòrr a chluinntinn
2. ... a' feuchainn ri fear a mhaoineachadh
3. Ach, cuin a bu chòir dhuinn 'referendum' a chleachdadhbh?
4. ...a bheil sinn am ìmpis dùthchannan eile a leantainn
5. ...far am feumar 'referendum' a chumail

2 - Briathrachas Pàrlamaide | Parliamentary Language

Tha diofar dhòighean ann earrann mar seo a sgrìobhadh ann an Gàidhlig, ach seo mar a thàinig i bho **Bhlog Pàrlamaid na h-Alba** a tha ri fhaighinn air an làraich-lìn:

www.parlamentdalba.wordpress.com/2024/01/22/beachdan-gan-sireadh-air-bile-nan-can-an-albannach/

Tha Comataidh ann an Taigh an Ròid air gairm airson bheachdan a chur air bhog an-diugh air Bile a bheireadh inbhe oifigeil do Ghàidhlig agus Scots ann an Alba. Thèid **Bile nan Cànan Albannach**, a dhèanadh atharrachaidhean do dh'inbhe na Gàidhlig agus Scots agus do dhleastanasan Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean poblach eile gus taic a thoirt don dà chànan, a sgrùidadh le Comataidh Foghlaim, Cloinne is

Dhaoine Òga ann am Pàrlamaid na h-Alba. Tha am Bile a' sònrrachadh gum feum Riaghaltas na h-Alba foghlam Gàidhlig is Scots a chur air adhart ann an sgoiltean. Tha e cuideachd a' toirt a' chumhachd do Mhinistearan bun-tomhasan a thoirt seachad agus stiùireadh a thoirt seachad air foghlam Gàidhlig is Scots.

3 - Gheibhte barrachd | More would be got

1. Seo am baile far am faicear tobhtaichean bho Àm nam Fuadaichean.
2. Fhuaradh an corp na laighe air oir na tràghad faisg air na creagan.
3. Chan fhaigte breug sam bith anns an leabhar sin.